

Co-chomhairle air ullachaidhean Bile an Fhoghlaim (Alba)

Clàr-innse

Ro-ràdh le Rùnaire a' Chaibineit airson Foghlam agus Sgilean	2
Mun cho-chomhairle seo.....	4
Ro-ràdh	6
Cùl-fhiosrachadh	6
An argamaid airson atharrachadh.....	9
Adhbhar na co-chomhairle seo	9
A' stèidheachadh Buidheann Theisteanasan Ùr	12
Measgachadh de theisteanasan àrd-inbhe	12
Sàr-mhathas ann an ionnsachadh agus teagastg	14
A' toirt a-steach sgoilearan agus oilleanaich na h-Alba ann an co-dhùnaidhean a bheir buaidh orra	16
Ìrean àrda airson teisteanasan ann an Alba.....	18
Teisteanasan ann an cruth-tìre foghlaim is sgilean: Siostam iomlanach.....	20
Ath-leasachadh air sgrùdadadh foghlaim.....	22
Adhbharan sgrùdaidh	22
A' faighinn na buaidh as mothà bho sgrùdadadh foghlaim	24
A' cur aghaidh air na prìomh cheistean	25
Eàrr-ràdh 1 - Ceistean.....	29
Eàrr-ràdh 2 – lomraighean.....	31
Eàrr-ràdh 3 - Foirm Fiosrachaидh mun Neach-freagairt.....	32

Ro-ràdh le Rùnaire a' Chaibineit airson Foghlam agus Sgilean



Às dèidh dhomh deich bliadhna a chur seachad ag obair ann am foghlam, tha fhios agam gur e seo an dòigh as èifeachdaiche, gun teagamh sam bith, airson a bhith a' cur ri cothroman beatha ar daoine òga. Feumaidh an siostam foghlaim againn comas a thoirt dhan a h-uile duine an làn chomas a choileanadh ge b' e dè an eachdraidh a th' aca no far a bheil iad a' fuireach.

Mar a chuir mi an cèill ann am Pàrlamaid san Ògmhios, tha ath-leasachadh foghlaim agus sgilean a' toirt fior dheagh chothrom dhuinn an dòigh-obrach againn ath-thogail agus ath-dhealbhadh, agus gus stiùireadh mar a bhios sinn a' toirt seachad taic san ùine fhada.

Tha an argamaid airson ath-leasachadh soilleir. Feumaidh sinn aghaidh a chur air feumalachdan caochlaideach chloinne is dhaoine òga, thidsearan agus luchd-cleachdaidh, agus luchd-ionnsachaidh inbheach, aig an àm seo agus anns na bliadhnaichean ri teachd ann an dòigh a tha seasmhach.


Chan urrainn atharrachadh air an sgèile seo tachairt leis fhèin. Cha toir a-mhàin ach ath-leasachadh iomlan air feadh an t-siostaim fhoghlaim agus sgilean dhuinn na tha a dhìth oirnn. Feumaidh sinn piseach a thoirt air builean foghlaim dhan chloinn is òigridh uile againn, agus do dh'inhich a tha ag ionnsachadh, gus dèanamh cinnteach gun lìbhrig sinn sàr ionnsachadh is teagaisg do na h-uile. Tha seo a' ciallachadh gum feum sinn obrachadh ann an com-pàirteachas gus seo a choileanadh.

Tha na buidhnean foghlaim nàiseanta againn ro-chudromach do na h-àrd-amasan ath-leasachaidh againn. Feumaidh iad a bhith air an stèidheachadh le dreuchdan, dleastanasan agus foincseanan soilleir. Ach, chan eil sin gu leòr leis fhèin. Tha mar a tha iad ag obair ro-chudromach cuideachd, a' dèanamh cinnteach gu bheil beachdan agus feumalachdan nan daoine air a bheil iad a' frithealadh aig cridhe na bhios iad a' dèanamh agus mar a lìbhrigeas iad taic.

Tha mi taingeil dhan Bhuidhinn airson Co-nbrachadh agus Leasachadh Eacnamaid (OECD), dhan Àrd-ollamh Ken Muir, dhan Àrd-ollamh Louise Hayward agus do James Withers airson nan aithisgean faiceallach agus smaoineachail aca air an dòigh-obrach a thaobh Theisteanasan is Measadh agus cruth-tìre lìbhrigidh nan sgilean. Cuideachd, bu toil leam taing a thoirt do na h-Àrd-ollamhan Alma Harris agus Carol Campbell a chomasaich ar 'Deasbad Nàiseanta air Foghlam' a fhuair tòrr mòr fhreagairtean agus a nochd gu bheil miann soilleir ann airson ath-leasachadh. Còmhla, tha iad air fianais fharsaing a thoirt dhuinn gus ar planaichean airson bun-structar foghlaim nàiseanta na h-Alba fhiosrachadh. Tha na molaidhean anns na lèirmheasan seo uile air cuideachadh le bhith a' dèanamh na h-argamaid airson atharrachadh airson cha mhòr a h-uile páirt den chruth-tìre foghlaim is sgilean. Tha e deatamach gun cùm an Riaghaltas orra a' beachdachadh gu mionaideach air na molaidhean seo. Cumaidh mi orm a' cumail fios chun na Pàrlamaid air dòigh-obrach an Riaghaltas a thaobh nan aithisgean sin.

Tha am pàipear co-chomhairleachaidh seo a' cuimseachadh gu sònraichte air a' bhuidhinn theisteanasan ùr agus air dòighean-obrach ùra a thaobh sgrùdad. A' togail air an obair agus air a' chonaltradh gu lèir gu ruige seo, tha sinn air grunn mholaidhean a chur ri chèile a thaobh mar a b' urrainn dhuinn buidheann theisteanasan ùr a stèidheachadh agus air na dòighean anns am b' urrainn dhuinn cur ris an deagh bhuaidh a th' aig sgrùdad. Tha sinn a' dèanamh fiughair ri bhith a' cluinntinn bheachdan air na roghainnean a tha air am mìneachadh. Tha dòigh-obrach fosgailte agus cho-chomhairleachail air leth cudromach dhomh a thaobh siostam foghlaim is sgilean na h-Alba san àm ri teachd agus tha mi a' cur fàilte air ur beachdan tron cho-chomhairle seo air an dòigh-obrach airson nam buidhnean foghlaim nàiseanta. Cuidichidh ur beachdan gu mòr le ar co-dhùnaidhean agus nì iad cinnteach gun lìbhrig sinn ath-leasachadh a nì deagh dhiofar air feadh na h-Alba.

Tha mi a' dèanamh fiughair ri bhith a' faighinn ur freagairtean agus sinn a' cumail oirnn ag obair airson leas clann is òigridh na h-Alba agus airson na coimhearsnachd ionnsachaidh nas fharsainge.



Jenny Gilruth BPA
Rùnaire a' Chaibineit airson Foghlam agus Sgilean

Mun cho-chomhairle seo

Tha a' cho-chomhairle seo a' sireadh bheachdan air na roghainnean poileasaidh a tha Riaghaltas na h-Alba a' toirt air adhart ann am Bile an Fhoghlaim.

A' cur beachd a-steach dhan cho-chomhairle seo

Tha sinn a' sireadh bheachdan dhan cho-chomhairle seo le ceann-latha mu dheireadh de 18 Dùblachd 2023. Cuir do bheachdan a-steach dhan cho-chomhairle seo a' cleachdadhbh hub co-comhairleachaidh Riaghaltas na h-Alba, Citizen Space. Gheibhear a' cho-chomhairle agus faodar a freagairt air-loidhne aig <https://consult.gov.scot/learningdirectorate/education-scotland-bill>. Faodaidh tu an fhreagairt a shàbhalaigh is tilleadh thuice fhad 's a tha a' cho-chomhairle fosgailte. Dèan cinnteach gun tèid freagairtean na co-chomhairle a chur a-steach ron cheann-latha mu dheireadh, 18 Dùblachd 2023.

Mura h-urrainn dhut freagairt air-loidhne, lìon Foirm Fiosrachaидh an Neach-freagairt (faic "A' Làimhseachadh do Fhreagairt" gu h-ìosal) agus cuir i gu:

Post-d: EducationReform@gov.scot

No sgrìobh thugainn aig:
Sgioba Ath-leasachaidh an Fhoghlaim
Riaghaltas na h-Alba
2B a Tuath
Cidhe Bhictoria
Dùn Èideann
EH6 6QQ

A' làimhseachadh do fhreagairt

Ma fhreagras tu a' cleachdadhbh Citizen Space (<https://consult.gov.scot/education-reform/new-qualification-body-and-approach-to-inspection>), thèid do stiùireadh gu Foirm Fiosrachaидh an Neach-freagairt. Innis dhuinn mar a bu chòir dhuinn dèiligeadh ris an fhreagairt agad, agus gu sònraichte a bheil thu toilichte gun tèid an fhreagairt agad fhoillseachadh. Mur a h-eil e comasach dhut freagairt tro Citizen Space, lìon agus cuir air ais am Foirm Fiosrachaидh mun Neach-freagairt a tha an cois na sgrìobhainn seo. Ma dh'iarras tu nach tèid do fhreagairt fhoillseachadh, bidh sinn ga meas diomhair agus a' dèiligeadh rithe mar sin. Bu chòir a h-uile neach-freagairt a bhith mothachail gu bheil Riaghaltas na h-Alba a' tighinn fo ullachaidhean Achd Saorsa an Phiosrachaидh (Alba) 2002 agus mar sin, gum biodh aige ri beachdachadh air iarrtas sam bith a rinneadh dha fon Achd co-cheangailte ri freagairtean dhan cho-chomhairle seo.

Na h-ath-cheumannan sa phròiseas

Far a bheil luchd-freagairt air cead a thoirt gun tèid an fhreagairt aca fhoillseachadh, agus an dèidh dhuinn dearbhadh nach eil stuth cliù-mhillteach anna, bidh freagairtean rim faighinn gu poblach air <http://consult.scotland.gov.uk>. Ma chleachdas tu Citizen Space gus freagairt, gheibh thu lethbhreac den fhreagairt agad

tro phost-d. Às dèidh a' chinn-latha mu dheireadh airson freagairtean, thèid anailis a dhèanamh air gach freagairt agus thèid beachdachadh air cho math ri fianais sam bith eile a tha ri fhaighinn gus ar cuideachadh. Thèid freagairtean fhoillseachadh far an deach cead a thoirt dhuinn sin a dhèanamh.

Beachdan agus gearanan

Ma tha beachd sam bith agad mu mar a chaidh a' cho-chomhairle seo a dhèanamh, cuir iad dhan [t-seòladh puist-d seo a' cleachdad a' cheangail seo, EducationReform@gov.scot](#).

Pròiseas Co-chomhairleachaidh Riaghaltas na h-Alba

Tha co-chomhairle na pàirt bhunaiteach den phròiseas gus poileasaидh a dhèanamh. Bheir e cothrom dhuinn beachdachadh air na beachdan agus sgilean agaibh a thaobh raon obrach a tha air a mholadh.

Gheibhear na co-chomhairlean uile againn air-loidhne aig:

<http://consult.scotland.gov.uk>. Tha gach co-chomhairle a' mìneachadh nan cuspairean air a bheilear a' beachdachadh, cho math ri dòighean gus ur beachdan a thoirt dhuinn, air-loidhne, tro phost-d no tron phost.

Dh'fhaodte gum bi co-chomhairlean a' sìreadh bheachdan ann an grunn dhòighean eadar-dhealaichte, leithid choinneamhan poblach, buidhnean fòcais, no modhan eile air-loidhne leithid Dialogue (<https://www.ideas.gov.scot>).

Thèid mion-sgrùdadadh a dhèanamh air na freagairtean mar phàirt den phròiseas poileasaïdh, cho math ri farsaingeachd eile de dh'fiosrachadh is de dh'fianais. Foillsichidh sinn aithisg den anailis seo airson gach co-chomhairle. A rèir nàdar na co-chomhairle, dh'fhaodte gum bi na freagairtean:

- a' sealltainn gu bheil feum air leasachadh no ath-sgrùdadadh poileasaïdh
- a' fiosrachadh cruthachadh poileasaïdh sònraichte
- a' cuideachadh gus co-dhùnad a dhèanamh eadar diofar mholaidhean poileasaïdh
- air an cleachdad gus crioch a chur air reachdas mus tèid a chur an sàs

Ged a dh'fhaodadh fiosrachadh mu shuidheachadh sònraichte a chaidh a mhìneachadh ann am freagairt do cho-chomhairleachadh am pròiseas poileasaïdh fiosrachadh, chan urrainn do dh'eacarsaichean co-chomhairleachaidh dèiligeadh ri draghan agus beachdan aig daoine fa leth, a bu chòir a bhith air an cur chun na buidhne poblach iomchaidh.

Ro-ràdh

Tha an argamaid soilleir airson ath-leasachadh air dòigh-obrach na h-Alba a thaobh foghlam agus sgilean agus taic do dh'foghlaam is sgilean. Tha Riaghaltas na h-Alba ag obair le com-pàirtichean gus atharrachadh a lìbhrigeadh air feadh an t-siostaim gus dèanamh cinnteach gun toir sinn piseach air builean foghlaim ann an Alba. Tha a bhith a' stèidheachadh buidheann theisteanasan ùr agus a bhith a' toirt a-steach dòigh-obrach ùr airson sgrùdadh deatamach gus an t-atharrachadh seo a chur an comas air feadh an t-siostaim. Tha na molaidhean anns a' phàipear seo a' suidheachadh nam bunaitean airson seo. Tha sinn cuideachd a' leantainn air adhart ag obair air sreath de dh'ath-leasachadh a thogas air agus a bheir taic a bharrachd do na molaidhean air a bheilear a' beachdachadh an seo.

Cùl-fhiosrachadh

Tha na h-earrannan a leanas a' toirt seachad co-theacsu nam molaidhean seo.

Aithisg OECD

Ann an 2020, bharantaich Ministearan na h-Alba ath-sgrùdadh bhon Bhuidhinn airson Co-obrachadh agus Leasachadh Eaconamach (OECD), gus tuigse nas fheàrr fhaighinn air mar a tha an Curraicealam airson Sàr-mhathais (CfE) ga dhealbhadh agus ga chur an gniomh ann an sgoiltean na h-Alba, agus gus raointeann leasachaидh a chomharrachadh. Dh'aithnich aithisg an Ògmhios 2021¹ gun robh CfE na h-Alba air thus am measg ionnsachadh na 21mh linn agus gu bheil e a' toirt dhuinn lèirsinn agus feallsanachd foghlaim ris a bheil taic fharsaing agus as fhiach a leantainn. Am measg cho-dhùnaidhean eile a chomharraich an aithisg:

- Tha CfE na "feallsanachd foghlaim brosnachail le taic fharsaing" a tha "air fhaicinn mar dheagh chleachdad air curraicealaim gu h-eadar-nàiseanta".
- Tha taic fharsaing do CfE am measg luchd-ùidhe mar thoradh air conaltradh susbainteach ri linn buileachadh, ach chomharraich an OECD beàrn eadar com-pàirt luchd-ùidhe agus an comas aca gus leasachadh a thoirt gu buil ann an gniomhachadh CfE. Gabhaidh cur às dhan bheàrn seo tro structar a tha a' cur an cèill uallaichean soilleir agus a' comasachadh sealbh co-roinnte nas fheàrr air CfE.
- Tha feum air co-thaobhadh nas fheàrr eadar CfE agus an siostam measaidh nas fharsainge, a bharrachd air measadh curraicealaim agus siostaim (tha seo na bhunait riatanach airson ar dòigh-obrach a thaobh ath-leasachadh).
- Bha an àrainneachd poileasaidh a thaobh CfE feumach air barrachd co-leanailteachd, a' gabhail a-steach tro cho-thaobhadh amasan CfE leis an t-siostam mheasaidh agus a bhith a' lùghdachadh àireamh nan iomairtean poileasaidh agus sreathan institiùideach.
- Bu chòir dòigh-obrach nas structaraiche agus nas fhad-ùine a bhith ann airson buileachadh CfE.

Ghabh Riaghaltas na h-Alba ris an dà mholadh dheug uile aig an OECD gu h-iomlan agus dh'ainmich iad gun robh iad am beachd buidheann ùr a chur an àite Ùghdarrings

¹ [Scotland's Curriculum for Excellence : Into the Future | en | OECD](#)

Theisteanas na h-Alba (SQA), agus gun robh iad an dùil Foghlam Alba ath-leasachadh gus an obair sgrùdaidh a thoirt air falbh bhon bhuidhinn.

Aithisg Muir

Thatar a' deasbad nam molaidhean a leanas bho aithisg Muir² sa cho-chomhairle seo agus thatar a' sireadh do bheachdan air an t-slige air adhart a thatar a' moladh.

Buidheann theisteanasan ùr

- Bu chòir buidheann theisteanasan ùr a stèidheachadh. Bu chòir dhan bhuidhinn ùir seo a bhith na Buidheann Phoblach Neo-roinneil (NDPB).
- Bu chòir dha na foincseanan buileachaidh làithreach aig an SQA a ghabhail os làimh, gu sònraichte an t-uallach airson a bhith a' dealbhadh agus a' lìbhrigeadh theisteanasan, a bhith a' ruith agus a' toirt seachad theisteanasan airson deuchainnean, agus a bhith a' buileachadh theisteanasan.
- Bu chòir seirbheisean cùmhnaint a tha an SQA a' lìbhrigeadh do bhuidhnean, riaghaltasan agus gnìomhachasan aig an àm seo a tha a' togail teachd-a-steach dhan SQA, a bhith mar phàirt de raon-ùghdarrais an NDPB ùir. Bu chòir dhan obair eadar-nàiseanta làithrich aig an SQA a bhith mar phàirt de raon-ùghdarrais an NDPB cuideachd.
- Bu chòir structar riaghlaidh na buidhne a thatar a' moladh ath-sgrùdadadh gus am bi i barrachd a' riochdachadh, agus a' toirt cunntachalachd do, gach neach-ionnsachaidd, tidsear, cleachdaiche agus neach-ùidhe leis a bheil i an sàs.

Sgrùdadadh

- Bu chòir buidheann sgrùdaidh ùr a bhith air a stèidheachadh le a neo-eisimeileachd stèidhichte ann an reachdas. Bu chòir dhan riaghlaidh aice a bhith a rèir na neo-eisimeileachd seo, leis a' bhuidhinn air a maoineachadh le Pàrlamaid na h-Alba, le luchd-obrach a tha nan seirbheisich chatharra agus nan luchd-sgrùdaidh, leis an luchd-sgrùdaidh air an cur an dreuchd le cead A Mhòrachd an Righ tron Chomhairle Dhìomhair.
- Bidh prìomh dhleastanasan aig an Luchd-sgrùdaidh neo-eisimeileach a bhith a' cumail taic ri leasachadh, a' luachadh atharrachaidhean mòra san t-siostam fhoghlaim agus ag aithris gach bliadhna agus thar amannan nas fhaide, air coileanadh foghlam na h-Alba.

Chaidh an t-Àrd-ollamh Kenneth Muir aig Oilthigh Taobh Siar na h-Alba fhastadh san Ògmhios 2021 gus comhairle a thoirt do Riaghaltas na h-Alba mu bhith a' cur buidheann ùr an àite an SQA agus gus ath-leasachadh a dhèanamh air Foghlam Alba. Bha seo a' gabhail a-steach a bhith a' dealachadh Luchd-sgrùdaidh nan sgoiltean bho Fhoghlam Alba. Rinn an t-Àrd-ollamh Muir conaltradh farsaing thar roinn an fhoghlaim agus rinn e co-chomhairle phoblach a fhuair freagairtean bho

² [Putting Learners at the Centre: Towards a Future Vision for Scottish Education \(www.gov.scot\)](https://www.gov.scot/Putting-Learners-at-the-Centre-Towards-a-Future-Vision-for-Scottish-Education)

raon farsaing de chleachdaichean agus de luchd-ùidhe agus dh'fhoillsich e an aithisg aige, ‘Putting Learners at the Centre: Towards a Future Vision for Scottish Education’³ sa Mhàrt 2022. Mhol an aithisg gun rachadh bun-structar nàiseanta ath-sgrùdaichte a stèidheachadh gus suidheachadh an fhoghlaim a dhèanamh nas simplidhe agus gus dèanamh cinnteach gum bi barrachd soilleireachd aig tidsearan agus luchd-cleachdaidh air dreuchdan agus foincseanan nam buidhnean nàiseanta.

Ghabh freagairt Riaghaltas na h-Alba do dh'Aithisg Muir⁴ ris na molaidhean a thaobh na buidhne theisteanasan gu h-iomlan agus ghabh iad ann ris a' mholadh ann am prionnsapal gun rachadh buidheann luchd-sgrùdaidh ùr a stèidheachadh, stèidhichte le reachdas. Ach, chomharraich sinn gum biodh feum air barrachd beachdachaidd agus co-chomhairle le luchd-ùidhe mun dòigh as fheàrr gus sgrùdadadh foghlaim a cho-thaobhadh ris an t-siostam sgrùdaidh nas fharsainge, leithid le roinnean tràth-ionnsachaidh agus càram-chloinne, agus leis na modhan riaghlaidh is aithris iomchaidh. Chomharraich sinn cuideachd gun robh feum air barrachd beachdachaidd a thaobh an t-suidheachaidh bharantachaidd agus riaghlaidh a tha taobh a-staigh an SQA aig an àm seo, a' toirt fa-near gu bheil an t-Àrd-ollamh Muir⁵ air moladh gum bu chòir a ghlumasad chun na buidhne foghlaim ùire. Le taic bho chonaltradh sònraichte le luchd-ùidhe, rinneadh measadh a bharrachd air a' mholadh mu dheireadh seo. Dh'ainmich an Riaghaltas san Dùblachd 2022 gum biodh riaghlaidh agus barantachadh mar phàirt den bhuidhinn theisteanasan ùir.

Stèidhich an Riaghaltas prògram ath-leasachadh foghlaim is sgilean le fòcas tùsail air na buidhnean nàiseanta ùra a rachadh an àite an SQA agus Foghlam Alba. 'S e fear de na prìomh àrd-amasan an siostam a neartachadh le bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil soilleireachd a bharrachd air na dleastanasan agus uallaichean aig na diofar bhuidhnean nàiseanta, a bharrachd air an dàimh eadar na buidhnean sin agus an siostam foghlaim is sgilean nas fharsainge. Chaidh obair nach bu bheag a dhèanamh le luchd-ùidhe gus coimhead air na roghainnean gus dèiligeadh ris na cuspairean a tha ag èirigh bho na molaidhean ann an Aithisg Muir.

Chaidh dà aithisg a bharrachd a bharantachadh le Ministearan cuideachd. Anns an Lùnastal 2022, chaidh James Withers fhastadh gus ath-sgrùdadadh a stiùireadh air cruth-tìre lìbhrigidh nan sgilean⁶, agus san Dàmhair 2022 chaidh an t-Àrd-ollamh Louise Hayward fhastadh gus ath-sgrùdadadh a dhèanamh air Teisteanasan agus Measaidhean ann an Alba.⁷ Dh'fhoillsich iad seo aithisgean anns an Ògmhios 2023. Bidh barrachd conaltraidh ann mu na molaidhean anns na h-aithisgean sin. San Ògmhios 2023 cuideachd, dh'fhoillsich Riaghaltas na h-Alba an aithisg ‘Adhbhar is Prionnsapalan: Prìomhachasan Tùsail’.⁸ a tha a' gabhail a-steach gnìomhan a tha a dhìth mar fhreagairt air prìomh mholaidhean a chaidh a mhineachadh san aithisg

³ [Putting Learners at the Centre: Towards a Future Vision for Scottish Education \(www.gov.scot\)](https://www.gov.scot/policy-and-government/policy/education-and-training/education-reform/putting-learners-at-the-centre-towards-a-future-vision-for-scottish-education)

⁴ [Putting Learners at the Centre: Response to the Independent Advisor on Education Reform's Report \(www.gov.scot\)](https://www.gov.scot/policy-and-government/policy/education-and-training/education-reform/response-independent-advisor-education-reform-report)

⁵ [Putting Learners at the Centre: Towards a Future Vision for Scottish Education \(www.gov.scot\)](https://www.gov.scot/policy-and-government/policy/education-and-training/education-reform/putting-learners-at-the-centre-towards-a-future-vision-for-scottish-education)

⁶ [Fit for the Future: developing a post-school learning system to fuel economic transformation: Skills Delivery Landscape Review – Final Report \(www.gov.scot\)](https://www.gov.scot/policy-and-government/policy/education-and-training/education-reform/fit-future-developing-post-school-learning-system-fuel-economic-transformation-skills-delivery-landscape-review-final-report)

⁷ [An t-àm ri teachd againn: Aithisg an Lèirmheis Neo-eisimeilich air Teisteanasan agus Measadh: \(www.gov.scot\)](https://www.gov.scot/policy-and-government/policy/education-and-training/education-reform/putting-learners-at-the-centre-towards-a-future-vision-for-scottish-education)

⁸ [Post-school education, research and skills - initial priorities \(www.gov.scot\)](https://www.gov.scot/policy-and-government/policy/education-and-training/education-reform/post-school-education-research-and-skills-initial-priorities)

aig Withers. Chaidh Deasbad Nàiseanta air Foghlam a dhèanamh cuideachd, air a chur an comas leis na h-Àrd-ollamhan Alma Harris agus Carol Campbell, agus fhuair e còrr is 5,000 freagairt.

An argamaid airson atharrachadh

Tha mòran às am bu chòir dhuinn a bhith moiteil thar foghlam is sgilean na h-Alba, agus às an ionnsachadh, an teagasc agus an taic a tha a' dol air adhart gach latha ann an suidheachaidhean air feadh na dùthcha.

Mar a tha fior a thaobh iomadh raon eile, bha galar lèir-sgaoilte COVID-19 air leth dùbhlachanach dhan t-siostam fhoghlaim agus tha na buaidhean agus cuideaman bhon àm sin fhathast oirnn. Tha an suidheachadh fiosgail a th' ann air feadh na RA an-dràsta air cuideam mòr a chur air ionmhas poblach agus bidh a' bhuaidh aig seo ri fhaicinn fad ùine mhòr fhathast.

Tha na h-amannan dùbhlachanach seo a' ciallachadh gum feum sinn coimhead a-rithist air mar a lìbhrigeas sinn ar seirbheisean poblach agus, ann an co-theacs foghlaim is sgilean, mar a bheir sinn seachad siostam a lìbhrigeas na builean as fheàrr gu cunbalach do sgoilearan agus oilleanaich dhaibhsan ris a bheil sinn an urra gus ìrean foghlaim sàr-mhath a lìbhrigeadh. Tha na bliadhnaichean mu dheireadh air a bhith dùbhlachanach ach tha ùr-ghnàthachadh, cleachdadadh ùr, agus co-obrachadh nas fheàrr air a bhith ann cuideachd thar gach páirt den t-siostam. Feumaidh sinn an cothrom a ghabhail gus togail air seo.

Tha an t-ath-leasachadh foghlaim is sgilean a tha Riaghaltas na h-Alba a' toirt air adhart ag amas air ath-dhealbhadh a dhèanamh air na dòighean anns am bi sinn a' cumail taic ri leasachadh ann an càileachd teagaisg is ionnsachaidh agus a' coileanadh bhuilean agus gnàth-eòlasan nas fheàrr do sgoilearan agus oilleanaich anns a h-uile suidheachadh.

Tha fios-air-ais bho air feadh an t-siostaim a' sealltainn nach eil na buidhnean foghlaim nàiseanta againn daonnan faisg gu leòr air sgoilearan agus oilleanaich. Tha ath-leasachadh a' cruthachadh cothrom gus earbsa agus misneachd an luchd-cleachdaidh, phàrantan agus luchd-cùraim àrdachadh anns na buidhnean sin. Tha miann soilleir ann poileasaidhean agus institiùdan a dhèanamh nas sìmplidhe airson soilleireachd agus co-leanailteachd.

Tha a bhith a' stèidheachadh buidheann theisteanasan ùr agus a' lìbhrigeadh dòigh sgrùdaidh ùr nan ceumannan cudromach ann a bhith a' toirt piseach air an t-siostam, agus aig an aon àm a bhith a' togail air a h-uile rud a tha math ann am foghlam agus sgilean na h-Alba.

Adhbhar na co-chomhairle seo

Is e adhbhar na co-chomhairle seo a bhith a' sireadh bheachdan air:

- na molaidhean gus buidheann ùr a chur an àite an SQA agus
- dòighean-obrach gus an t-àite a th' aig sgrùdadadh ann a bhith a' toirt seachad dearbhadh agus a' toirt taic do thidsearan agus luchd-cleachdaidh eile a

mheudachadh gus foghlam ann an Alba a leasachadh, a' gabhail a-steach a bhith a' cleachdad reachdas.

Cuidichidh na beachdan a gheibh a' cho-chomhairle seo le bhith a' fiosrachadh cruthachadh a' Bhive a thèid a thoirt a-steach nas fhaide air adhart sa bhliadhna phàrlamaidich.

'S e an t-àrd amas poileasaidh le bhith a' stèidheachadh buidheann theisteanasan ùr a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil teisteanasan gu cunbalach a' coileanadh fheumalachdan agus dùilean an luchd-cleachdaidh, siostam an fhoghlaim, an eaonamaidh, gnìomhachas agus solaraicheadh eile a bhios a' cleachdad agus a' toirt aithne do theisteanasan agus duaisean. Tha e na phriomhachas dhan bhuidhinn ùir gum bi i a' gabhail a-steach sgoilearan agus oilleanaich, tidsearan is luchd-cleachdaidh, agus luchd-ùidhe nas fharsainge sna co-dhùnaidhean aca. Bidh i cunntachail do agus follaiseach dhan luchd-ùidhe sin tro riaghlaigh làidir agus rèiteachaidhean eile.

Nuair a bhios a' bhuidheann ùr a' tighinn air adhart brosnaichidh is cuiridh sinn air adhart cultar buidhne a chuireas an fheadhainn a tha a' cleachdad nan seirbheisean aice aig cridhe na buidhne. Nì co-obrachadh dlùth leis an t-siostam fhoghlaim is sgilean ann a bhith a' dealbhadh na buidhne ùire cinnteach gun urrainn dhan bhuidhinn dùilean a choileanadh agus luach a chur ris an t-siostam a th' ann mar-thà bhon fhòr thoiseach.

Tha am pàipear co-chomhairleachaidh seo a' cur air adhart mholaidhean airson dèanamh cinnteach gu bheil structar riaghlaidh làidir agus dleastanasan soilleir air am fighe a-steach dhan bhuidhinn theisteanasan ùir. Thathar a' moladh gum bi dà dhleastanas eadar-dhealaichte aig a' bhuidhinn gus na h-amasan farsaing aice a choileanadh: teisteanasan a chruthachadh agus a bhuileachadh; agus teisteanasan a bharantachadh ann an Alba.

Tha am pàipear co-comhairleachaidh an uair sin a' cur air adhart molaidhean airson a bhith a' cur air dòigh dòigh-obrach ùr a thaobh sgrùdad. Is e an t-amas a th' againn an t-àite a th' aig sgrùdad a neartachadh gus dèanamh cinnteach gu bheil cunntachalachd ann, gu bheil e a' toirt seachad barantas agus a' cur air adhart leasachadh. Tha grunn dhòighean ann san gabhadh seo a choileanadh agus tha seo air a mhìneachadh sa chaibideil seo. Cuidichidh na freagairtean agaibh dhan cho-chomhairle seo le bhith a' fiosrachadh cho-dhùnaidhean mun dòigh-obrach as èifeachdaiche airson a bhith ag ath-sgrùdad foghlam, a' gabhail a-steach an àite a dh'fhaodadh a bhith aig reachdas ùr ann a bhith a' cur ris na h-amasan sin.

Gu goirid, is e an rùn againn buidhnean a chruthachadh a tha iomchaidh airson an ama ri teachd agus a tha comasach air freagairt air cruth-tìre foghlaim is sgilean a tha a' sior-atharrachadh. Bidh cruthachadh nam buidhnean sin a' nochdad meud an atharrachaidh a dh'fhaodadh a bhith romhainn, ma thèid molaidhean an Àrd-ollaimh

Hayward⁹ air Teisteanasan agus Measadh agus na molaidhean aig James Withers¹⁰ air Cruth-tìre Lìbhrigeadh Sgilean a thoirt air adhart, a bharrachd air a bhith ga dhèanamh comasach dhuinn Adhbhar is Prionnsapalan Riaghaltas na h-Alba airson Foghlam lar-sgoil, Rannsachadh agus Sgilean¹¹ a chur an gnìomh, cho math ris na prìomhachasan tùsail.

⁹ [An t-àm ri teachd againn: Aithisg an Lèirmheis Neo-eisimeilich air Teisteanasan agus Measadh: \(www.gov.scot\)](http://www.gov.scot)

¹⁰ [Fit for the Future: developing a post-school learning system to fuel economic transformation: Skills Delivery Landscape Review – Final Report \(www.gov.scot\)](http://www.gov.scot)

¹¹ [Purpose and Principles for Post-School Education, Research and Skills \(www.gov.scot\)](http://www.gov.scot)

A' stèidheachadh Buidheann Theisteanasan Ùr

Measgachadh de theisteanasan àrd-inbhe

Ann a bhith a' stèidheachadh buidheann theisteanasan ùr, dh'aontaich Riaghaltas na h-Alba ris a' mholadh a leanas aig an Àrd-ollamh Muir:

- Bu chòir do na foincseanan buileachaidh làithreach aig an SQA a ghabhail os làimh, gu sònraichte an t-uallach airson a bhith a' dealbhadh agus a' lìbhrigeadh theisteanasan, a bhith a' ruith agus a' toirt seachad theisteanasan airson deuchainnean, agus a bhith a' buileachadh theisteanasan.
- Bu chòir seirbheisean cùmhnaidh a tha an SQA a' lìbhrigeadh do bhuidhnean, riaghaltasan agus gnìomhachasan aig an àm seo a tha a' togail teachd-a-steach dhan SQA, a bhith mar phàirt de raon-ùghdarrais an NDPB ùir. Bu chòir dhan obair eadar-nàiseanta làithreach aig an SQA a bhith mar phàirt de raon-ùghdarrais an NDPB cuideachd.

Gheall Riaghaltas na h-Alba dèanamh cinnteach gu bheil a' bhuidheann ùr a' toirt seachad 'teisteanasan le ire àrd de dh'iomlanachd a bhios a rèir feumalachdan a' chomainn-shòisealta, na h-eaconamaidh agus an luchd-ionnsachaidh againn aig an àm seo agus san àm ri teachd', le farsaingeachd de dhleastanasan buileachaidh air an cumail agus leis a' chomas na seirbheisean sin a leudachadh taobh a-muigh na h-Alba.

Tha teisteanasan nam pàirt chudromach de chruth-tìre foghlaim, sgilean agus eacnamaidh na h-Alba. Tha iad air an cleachdad, air an lìbhrigeadh agus air an aithneachadh le raon de dhiofar bhuidhnean agus dhaoine fa leth ann an diofar dhòighean. Mar sin feumaidh teisteanasan frithealadh air raon de dhiofar fheuman. Mar eisimpleir, tha iad buntainneach:

- Do dhaoine a tha ag ionnsachadh a dh'ionnsaigh agus a' coileanadh theisteanasan;
- Dhaibhsan leithid thidsearan agus òraidichean a bheir seachad an t-ionnsachadh, an teagasc agus an taic do na h-oileanaich aca gus na teisteanasan sin a choileanadh;
- Do dh'instiùdan foghlaim agus solaraichean trèanaidh a bhios a' cleachdad theisteanasan gus aithne a thoirt do choileanaidhean dhaoine a tha airson cothrom fhaighinn air foghlam àrd-ire agus adhartach, trèanadh agus cothroman cosnaidh;
- Do luchd-fastaidh agus gnìomhachas a bhios a' cleachdad theisteanasan gus dèanamh cinnteach gu bheil sgilean, trèanadh agus comasan dhaoine a rèir inbhean agus riatanasan agus slatan-tomhais nàiseanta agus aig fastaichean airson nan sgiobaidhean-obrach aca fhèin.

Gus an tèid na feumalachdan eadar-dhealaichte sin a choileanadh, bu chòir raon farsaing de theisteanasan de dhiofar sheòrsaichean agus iùrean comais a bhith ann a fhreagras air na h-ùidhean agus àrd-amasan eadar-dhealaichte aig daoine.

Bu chòir teisteanasan a bhith sùbailte gus freagairt air an t-sealladh airson foghlam is sgilean na h-Alba aig an àm seo agus san àm ri teachd, agus gus feumalachdan ar sgoilearan agus oilleanaich, ionadan foghlaim, fastaichean agus gnìomhachasan a choileanadh gu cunbalach, gus soirbheachadh a thoirt do na h-uile.

Feumaidh an dòigh anns a bheilear a' measadh dhaoine fa leth airson teisteanas a bhith buntainneach dhan t-seòrsa theisteanais fhèin agus a bhith a rèir dhòighean-obrach agus modhan measaidh ùr-nodha.

Bu chòir teisteanasan a bhith air an cruthachadh agus air an lìbhrigeadh ann an dòigh a bheir taic do na dreuchdan teagaisg againn gus ionnsachadh agus teagasg den chàileachd as àirde a lìbhrigeadh.

Le bhith a' tabhann theisteanasan air stèidh choimeirsealta ann an Alba, agus ann an suidheachaidhean eadar-nàiseanta, cumaidh sinn taic ri seasmhachd ionmhasail nas motha ann an seirbheisean poblach agus cuiridh seo ri cliù cruinneil na h-Alba ann am foghlam.

Mar sin tha Riaghaltas na h-Alba a' moladh gum bi uallach air a' bhuidhinn theisteanasan ùir airson dèanamh cinnteach gu bheil na gnìomhan sin uile air an lìbhrigeadh gu h-èifeachdach mar phàirt den t-solar theisteanasan aca. Ann a bhith a' dèanamh seo, cumaidh a' bhuidheann theisteanasan taic ris a' phriomhachas as motha againn – teisteanasan eadar-mheasgte, àrd-inbhe, làidir agus buntainneach a bhith air an toirt seachad ann an Alba a tha aithnichte leis a h-uile duine agus anns a bheilear a' cur spèis ann an Alba agus nas fhaide air falbh.

Ceist 1: Dè na h-atharrachaidhean air am bu chòir dhuinn beachdachadh a thaobh mar a tha teisteanasan air an leasachadh agus air an lìbhrigeadh a bhiodh a' toirt piseach air builean do sgoilearan agus oilleanaich na h-Alba?

Sàr-mhathas ann an ionnsachadh agus teagasg

Ann a bhith a' stèidheachadh buidheann theisteanasan ùr, dh'aontaich Riaghaltas na h-Alba ris a' mholadh a leanas aig an Àrd-ollamh Muir:

- Bu chòir structar riaghlaidh na buidhne a thathar a' moladh ath-sgrùdadh gus am bi i barrachd a' riochdachadh, agus a' toirt cunntachalachd do, gach neach-ionnsachaidh, tidsear, cleachdaiche agus luchd-ùidhe leis a bheil i an sàs.

Gheall Riaghaltas na h-Alba buidheann ùr a chruthachadh a bhios 'a' toirt taic do ar tidsearan agus ar cleachdaichean', agus a nì cinnteach gu bheil ar luchd-teagaisg, mar phriomh luchd-cleachdaidh seirbheis na buidhne, mar phàirt den structar riaghlaidh le àite soilleir aca ann an co-dhùnайдhean mu leasachadh agus lìbhrigeadh nan teisteanasan.

Tha na tidsearan, òraidichean agus proifeiseantaich foghlaim is sgilean eile againn aig cridhe a bhith a' lìbhrigeadh bhuilean nas fheàrr do sgoilearan agus do dh'oileanaich. Is ann tro ionnsachadh agus teagasg sàr-mhath a dhùineas sinn a' bheàrn coileanaidh, a chì sinn ìrean coileanaidh nas àirde agus a bheir sinn cothrom do dhaoine an làn chomas a ruighinn.

Tha an t-eòlas agus na sgilean a th' aig ar luchd-teagaisg aig cridhe cruthachadh agus lìbhrigeadh theisteanasan àrd-inbhe ann an Alba, leis a' phroifeisean ann am prìomh àite anns gach páirt den t-siostam. Mar eisimpleir, bidh iad:

- A' lìbhrigeadh phrògraman ionnsachaidh is trèanaidh gus am faigh daoine fa leth teisteanasan;
- A' cur an comas agus a' cumail taic ri measadh bhon taobh a-muigh gus am bi na sgilean, an t-eòlas agus na comasan aca air am measadh agus air an aithneachadh;
- A' toirt seachad comhairle, stiùireadh agus taic iomlanach do dhaoine fa leth a tha ag iarraidh theisteanasan.

Le dleastanas cho cudromach tha e soilleir dhuinn gum feum an t-eòlas agus an lèirsinn seo cumadh a thoirt air mar a tha teisteanasan air an cruthachadh agus air an lìbhrigeadh. Feumaidh dleastanasan soilleir agus cothromach a bhith aig an luchd-teagaisg againn anns na co-dhùnайдhean a thèid a dhèanamh a thaobh leasachadh agus lìbhrigeadh theisteanasan agus feumaidh iad a bhith comasach air an fheadhainn a nì na co-dhùnайдhean a chumail cunntachail.

Mar sin tha Riaghaltas na h-Alba a' moladh gum bi dòighean làidir is èifeachdach aig a' bhuidhinn theisteanasan ùir tron urrainn dhan luchd-teagaisg againn cumadh brioghmhor a thoirt air stiùireadh agus lìbhrigeadh sheirbheisean na buidhne. Tha sinn a' moladh trì dòighean gus seo a choileanadh a tha a' dol gu math ri chèile.

An toiseach, tha feum air eòlas agus tuigse an luchd-teagaisg againn aig na h-ìrean as àirde de cho-dhùnайдhean taobh a-staigh na buidhne ùire. Sin as adhbhar gu

bheil sinn a' moladh gum bi e mar riataanas gum bi daoine air a' Bhòrd a tha os cionn buidheann nan teisteanasan aig a bheil eòlas practaigeach an latha an-diugh air a bhith a' toirt seachad ionnsachadh is teagasg airson teisteanas. Mar eisimpleir, bu mhath leinn gum bi co-dhiù aon tidsear agus co-dhiù aon òraidiche colaiste air a' Bhòrd.

San dàrna àite, feumaidh na co-dhùnaidhean a nì a' bhuidheann theisteanasan ùr a thaobh theisteanasan agus measadh a bhith air an stiùireadh le raon farsaing de bheachdan bhon luchd-teagaisg againn agus bhon fheadhainn a tha gan riochdachadh. Sin as adhbhar gu bheil sinn a' moladh comataidh shònraighe a bhith ann mar phàirt de structar co-dhùnaidh foirmeil na buidhne a bheir na diofar sheallaidhean sin a-steach dhan bhuidhinn às leth luchd-teagaisg. Dh'fhaodadh a' Chomataidh seo a bhith air a dèanamh suas de phroifeiseantaich teagaisg, riochdairean leithid comainn phroifeiseanta agus aonaidhean-ciùird luchd-teagaisg, agus eòlaichean ann an cleachdad teagaisg agus eòlas-teagaisg. Bheir a' Chomataidh buaidh air co-dhùnaidhean na buidhne le bhith a' toirt seachad comhairle air mar a lìbhrigeas i foincseanan agus gnìomhan teisteanais. Bhiodh ballrachd air a tarraing bho raon farsaing de dhaoine air feadh nan dreuchdan teagaisg.

San treas àite, feumaidh barrachd follaiseachd, conaltradh agus cunntachalachd a bhith aig a' bhuidhinn theisteanasan leis an luchd-teagaisg. Sin as adhbhar gu bheil sinn a' moladh gum bu chòir dhan bhuidhinn theisteanasan "Cairt" cleachdaiche sònraighe a chruthachadh airson nan dreuchdan teagaisg againn ann an co-nbrachadh leotha. Bhiodh a' Chairt seo na dòigh gus soilleireachd a thoirt seachad air na bu chòir dhan luchd-teagaisg againn a bhith an dùil bhon bhuidhinn theisteanasan nuair a bhios i a' libhrigeadh theisteanasan agus ag obair còmhla riutha. Bhiodh a' Chairt a' cuideachadh gus cumadh a thoirt air na gnìomhan a thaobh theisteanasan a bhiodh a' bhuidheann a' libhrigeadh, agus air a' chultar a thaobh mar a thèid an lìbhrigeadh.

Le bhith a' toirt sgilean, eòlas agus beachdan an luchd-teagaisg againn a-steach dhan bhuidhinn theisteanasan, nithear cinnteach gu bheil na co-dhùnaidhean a nì i air an stiùireadh leis an fheadhainn a tha a' toirt seachad ionnsachadh is teagasg dhaibhsan a tha a' dèanamh theisteanasan. Cuiridh seo ri gnàth-eòlas nan tidsearan a tha a' libhrigeadh theisteanasan agus bheir e taic nas fheàrr do dh'fheumalachdan dhaoine òga agus luchd-ionnsachaидh inbheach.

Ceist 2: Ciamar as fheàrr as urrainn dhuinn dèanamh cinnteach gu bheilear a' toirt aire iomchaidh do bheachdan an luchd-teagaisg againn taobh a-staigh na buidhne theisteanasan ùire, agus a bheil na molaidhean seo a' cur sin an comas?

A' toirt a-steach sgoilearan agus oilleanaich na h-Alba ann an co-dhùnaidhean a bheir buaidh orra

Ann a bhith a' stèidheachadh buidheann theisteanasan ùr, dh'aontaich Riaghaltas na h-Alba ris a' mholadh a leanas aig an Àrd-ollamh Muir:

- Bu chòir structar riaghlaidh na buidhne a thathar a' moladh ath-sgrùdadh gus am bi i barrachd a' riochdachadh, agus a' toirt cunntachalachd do, gach neach-ionnsachaidh, tidsear, cleachdaiche agus luchd-ùidhe leis a bheil i an sàs.

Gheall Riaghaltas na h-Alba buidheann ùr a chruthachadh a bhios 'a' cur luchd-ionnsachaidh aig cridhe na buidhne, agus 'a' cruthachadh structar riaghlaidh a bheir dreuchdan nas soilleire do ar sgoilearan agus oilleanaich a thaobh mar a thathar a' dealbhadh, a' libhrigeadh, a' toirt taic do, a' toirt seachad agus ag aithneachadh theisteanasan'.

Is iad sgoilearan agus oilleanaich aig gach aois prìomh luchd-cleachdaidh nan teisteanasan. Is iadsan na daoine a tha a' taghadh nan teisteanasan a tha iad airson dèanamh, na daoine a tha ag ionnsachadh agus a' trèanadh gus am faighinn, na daoine a thathar a' measadh, agus na daoine aig a bheil coileanaidhean a tha air am measadh agus air an aithneachadh le diofar phàirtean den chomann-shòisealta.

Tha iarrtas soilleir ann bho sgoilearan agus oilleanaich gum bi barrachd com-pàirt aca anns na co-dhùnaidhean a bheir buaidh orra. Tha Riaghaltas na h-Alba ag aithneachadh seo tro a ghealltanais gus guthan dhaoine òga fhighe a-steach thar foghlam, anns na buidhnean foghlaim nàiseanta againn, agus gus cumail ri Alt 12 de Chùmhnant nan Dùthchannan Aonaichte airson Còraichean Chloinne. Chunnacas an t-iarrtas seo uair is uair tro bheachdan bho sgoilearan agus oilleanaich. Tha e soilleir gu bheil miann, dùil agus comas airson barrachd com-pàirt ann an co-dhùnaidhean.

Leis cho cudromach 's a tha teisteanasan sa chomann-shòisealta againn agus mar thoradh air a' bhuaidh as urrainn dhaibh a thoirt air roghainnean beatha ar n-òigridh agus luchd-ionnsachaidh inbheach, feumaidh am feumalachdan agus am beachdan a bhith fhathast mar phrìomh cheist anns gach taobh den dòigh sam bith sinn a' cruthachadh agus a' libhrigeadh theisteanasan.

Mar sin tha Riaghaltas na h-Alba a' moladh gun tèid a' bhuidheann theisteanasan ùr a stèidheachadh ann an dòigh a bheir dreuchdan soilleir agus brioghmhor dhaibhsan a tha ag ionnsachadh airson theisteanasan. Bheir seo cothrom dhaibh cumadh is buaidh a thoirt air co-dhùnaidhean a nì a' bhuidheann co-cheangailte ri teisteanasan. Mar a chaidh a chur an cèill gu h-àrd, tha sinn airson seo a choileanadh ann an trì dòighean.

Sa chiad dol a-mach, tha tuigse air beachdan, fios agus eòlas-beatha na feedhainn a tha ag ionnsachadh airson teisteanasan riatanach gus teisteanasan a libhrigeadh a bhios a chum leas sgoilearan agus oilleanaich. Bu chòir an tuigse seo a bhith

daonnan an làthair anns a' Bhòrd a tha a' cumail sùil air buidheann nan teisteanasan. Sin as adhbhar gu bheil sinn a' moladh gum bi buill air a' Bhòrd seo a dh'haodas na beachdan sin a chur an cèill gu sònraichte agus cumadh a thoirt air co-dhùnaidhean.

San dàrna àite, feumaidh na co-dhùnaidhean a nì a' bhuidheann a bhith air am fiosrachadh le làn fharsaingeachd de dhaoine a tha airson teisteanas fhaighinn. Sin as adhbhar gu bheil sinn a' moladh comataidh shònraichte a bhith ann mar phàirt de structar co-dhùnaidh foirmeil na buidhne a bheir na diofar sheallaidean sin a-steach dhan bhuidhinn. Dh'haodadh a' Chomataidh seo a bhith air a dèanamh suas den fheadhainn a tha ag ionnsachadh airson diofar sheòrsaichean theisteanasan, no a bha ag ionnsachadh bho chionn ghoirid, leithid neach òg ag ionnsachadh airson Teisteanas Nàiseanta no preantasachd, no neach-ionnsachaidh inbheach a' faighinn trèanadh iomchaidh airson teisteanas; buill de bhuidhnean a tha a' tagradh airson diofar sgoilearan agus oilleanaich; agus eòlaichean ann an com-pàirteachadh sgoilearan agus oilleanaich. Bheir a' Chomataidh buaidh air co-dhùnaidhean na buidhne le bhith a' toirt seachad comhairle air mar a lìbhrigeas i foincseanan agus gniomhan teisteanais.

San treas àite, feumaidh a' bhuidheann theisteanasan a bhith gu cunbalach follaiseach leis na sgoilearan agus na h-oileanaich againn agus feumaidh iad dèanamh cinnteach gu bheil iad a' conaltradh gu h-èifeachdach leotha. Feumaidh comas a bhith aig sgoilearan agus oilleanaich cuideachd a' bhuidheann a chumail cunnatachail airson nan co-dhùnaidhean a nì iad. Sin as adhbhar gu bheil sinn a' moladh gum bu chòir dhan bhuidhinn theisteanasan "Cairt" cleachdaiche sònraichte a chruthachadh do na sgoilearan, oilleanaich agus an luchd-tagraigd aca ann an com-pàirt leotha. Minichidh seo na dùilean a bu chòir a bhith aca bhon bhuidhinn agus thathar ag amas air dèanamh cinnteach gu bheil teisteanasan agus mar a tha iad air an lìbhrigeadh a rèir feumalachdan na fheadhainn a tha airson teisteanasan fhaighinn.

Le bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil na diofar fheumalachdan agus bheachdan aig an fheadhainn aig a bheil eòlas dìreach air teisteanasan air an gabhal a-steach do cho-dhùnaidhean na buidhne, is urrainn dhuinn dèanamh cinnteach gu bheil solar theisteanasan thastast buntainneach do sgoilearan agus oilleanaich; gu bheil teisteanasan air an lìbhrigeadh ann an dòighean a choinnicheas ri am miannan agus am feumalachdan; agus gu bheil teisteanasan a' coileanadh an àite dheatamaich aca ann a bhith a' toirt taic do bhuilean nas fheàrr do dhaoine agus iad a' gluasad tro fhoghlam gu obair.

Ceist 3: Ciamar as fheàrr as urrainn dhuinn dèanamh cinnteach gu bheilear a' toirt aire iomchaidh do bheachdan nan sgoilearan, oilleanaich agus luchd-ionnsachaidh againn taobh a-staigh na buidhne theisteanasan ùire, agus a bheil na molaidhean seo a' cur sin an comas?

Ìrean àrda airson teisteanasan ann an Alba

Anns an fhreagairt aige¹² do dh'aithisg an Àrd-ollaimh Muir, chomharrach Riaghaltas na h-Alba gu bheil feum air beachdachadh faiceallach a bharrachd a thaobh farsaingeachd a' bharantachaidh agus far am bu chòir barantachadh a bhith stèidhichte san àm ri teachd, gu sònraichte a' dèanamh cinnteach gu bheil neo-eisimeileachd barantachadh theisteanasan air a dhaingneachadh gu h-iomchaidh.

Dh'ainmich Riaghaltas na h-Alba an uair sin gur ann air a' bhuidhinn theisteanasan ùir a bhios an t-uallach gus teisteanasan a bharantachadh. Tha a bhith a' cruthachadh na buidhne theisteanasan ùire a' toirt dhuinn cothrom atharrachaidhean mòra a dhèanamh air a' cheangal eadar na gnìomhan buileachaidh agus barantachaidh a neartaicheas an neo-eisimeileachd bhon a chèile.

Tha prìomh àite aig teisteanasan ann a bhith ag aithneachadh ionnsachadh, sgilean, eòlas agus coileanadh nas fharsainge aig daoine fa leth. Mar sin tha e na phriomhachas gu bheil earbsa agus creideas aig a h-uile duine ann an siostam theisteanasan na h-Alba. Tha seo a' ciallachadh a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil inbhean àrda ann agus a bhith gan cumail suas airson teisteanasan ann an Alba.

Gus roghainnean gu leòr agus misneachd a thoirt do sgoilearan, oiléanaich, luchd-fastaidh, gnìomhachasan agus comainn phroifeiseanta anns na teisteanasan a thaghlas iad, feumaidh inbhean a bhith ann a tha aithnichte gu nàiseanta airson a bhith a' libhrigeadh agus a' measadh theisteanasan ann an Alba. Feumaidh na h-inbhean sin a bhith a' dol nas fhaide na na teisteanasan a tha a' bhuidheann theisteanasan nàiseanta againn a' tabhann agus a bhith a' gabhail a-steach teisteanasan a tha air an libhrigeadh le buidhnean buileachaidh eile. Canar barantachadh ris a' phròiseas gus seo a dhèanamh.

Aig an àm seo, feumaidh a h-uile teisteanas ris an canar Teisteanas Dreuchdail Albannach (SVQ) a bhith barantaichte gus a bhith air a libhrigeadh ann an Alba. Feumaidh teisteanasan sònraichte eile a bhith air am barantachadh cuideachd, leithid na feedhainn ann an roinn na malairt ceadaichte agus ann an roinn gnìomhachas na tàranteachd far am feumar cead gus an obair a dhèanamh. Airson a h-uile teisteanas eile, tha barantachadh saor-thoileach. Bidh Teisteanasan Nàiseanta a tha air an libhrigeadh ann an sgoiltean agus suidheachaidhean eile aig an àm seo agus a tha air an solarachadh leis an SQA, a' dol tro phròiseas barantachd càileachd fa leth.

Tha Riaghaltas na h-Alba den bheachd gum bu chòir dhan ghnìomh bharantachaidh a bhith leth-eisimeileach bhon riaghaltas agus mar sin tha e a' moladh gum bi seo aig a' bhuidhinn theisteanasan ùir. Tha seo a' ciallachadh gum bi a' bhuidheann theisteanasan ùr an urra ri bhith a' suidheachadh inbhean airson nam buidhnean buileachaidh sin a tha a' tabhann theisteanasan ann an Alba (ach a-mhàin ceuman

¹² [Putting Learners at the Centre: Response to the Independent Advisor on Education Reform's Report \(www.gov.scot\)](http://www.gov.scot/Putting%20Learners%20at%20the%20Centre%20-%20Response%20to%20the%20Independent%20Advisor%20on%20Education%20Reform's%20Report)

oilthigh) a tha a' sìreadh barantachadh airson an cuid theisteanasan, a bharrachd air a bhith a' co-dhùnadh dè na teisteanasan a tha a' coileanadh nan inbhean sin airson a bhith barantaichte .

Anns a' bhuidhinn theisteanasan ùir, thèid na dleastanasan gus inbhean a shuidheachadh agus gus teisteanasan a bharantachadh a lìbhrigeadh air leth bho, agus gu neo-eisimeileach bho, lìbhrigeadh theisteanasan na buidhne. Thèid cuideam a chur air an dòigh-obrach seo agus thèid a neartachadh tro cheumannan riaghlaidh sònraichte. Mar eisimpleir, bhiodh seo a' gabhail a-steach Neach-gairm, air a chur an dreuchd gu dìreach le Ministearan, gus comataidh a stiùireadh gu sònraichte le uallach airson sùil a chumail air barantachadh agus riaghlaidh. A bharrachd air seo, bhiodh riatanasan cunntasachd is aithris fa leth aig an Neach-ghairm seo agus aig a' chomataidh, agus bhiodh comas aca comhairle a thoirt do Mhinistearan na h-Alba gu dìreach air cùisean barantachaiddh.

Ma tha buidheann theisteanasan againn a bhios a' suidheachadh agus a' cumail sùil air ìrean àrda airson a bhith a' lìbhrigeadh theisteanasan ann an Alba, is urrainn dhuinn dèanamh cinnteach gu bheil roghainnean gu leòr ann de dheagh chàileachd aig an fheadhainn a tha an eisimeil theisteanasan a bhios a rèir am feumalachdan. Is ann tron t-seirbheis seo anns a bheil daoine a' cur earbsa as urrainn dhuinn taic a thoirt do na sgoilearan agus na h-oileanaich againn gus teisteanasan cliùiteach a choileanadh a bheir seachad an t-àrd-ùrlar as fheàrr airson soirbheachadh ann am foghlam, trèanadh agus cosnadh.

Ceist 4: Ciamar as urrainn dhuinn dèanamh cinnteach gu bheil na teisteanasan a tha gan tabhann ann an Alba earbsach, de chàileachd àrd agus iomchaidh?

Teisteanasan ann an cruth-tìre foghlaim is sgilean: Siostam iomlanach

Ann a bhith a' stèidheachadh buidheann theisteanasan ùr, dh'aontaich Riaghaltas na h-Alba ris a' mholadh a leanas aig an Àrd-ollamh Muir:

- Bu chòir do Riaghaltas na h-Alba agus buidhnean nàiseanta eile a bhith a' co-nbrachadh nas èifeachdaiche gus dèanamh cinnteach gu bheil poileasaidhean a' co-thaobhadh gu math ri chèile agus ri lèirsinn ath-sgrùdaichte sam bith airson foghlam na h-Alba.

Chuir an t-Àrd-ollamh Muir na priomh phrionnsabalan aige air adhart cuideachd a bu chòir a bhith nam bunaitean airson ath-leasachadh foghlaim, a' gabhail a-steach:

- Cothroman airson barrachd co-nbrachaidh agus airson conaltradh brìoghmhor eadar luchd-ùidhe, luchd-poilitigeach aig gach ire, ùghdarrasan ionadail, comainn phroifeasant, aonaidhean-ciùird agus na buidhnean nàiseanta le uallach airson priomh thaobhan de dh'fhoghlam.

Bidh priomh àite aig a' bhuidhinn theisteanasan ann an cruth-tìre foghlaim is sgilean eadar-cheangailte. Bidh i na com-pàirtiche cudromach ann a bhith a' cur an gniomh co-dhùnaidhean sam bith a thaobh Lèirmheas air Cruth-tìre Libhridgeadh nan Sgilean aig James Withers¹³, na priomhachasan tùsail airson Adhbhar agus Prionnsapalan Foghlam Iar-Sgoile, Rannsachadh agus Sgilean¹⁴, agus lèirmheas an Àrd-ollaimh Hayward air Teisteanasan agus Measadh.¹⁵ Mar sin feumaidh an obair aice a bhith air a co-thaobhadh ri ro-innleachdan foghlaim is sgilean nàiseanta agus feumaidh i obrachadh còmhla ri buidhnean nàiseanta eile.

Bheir dleastanasan na buidhne ùire airson teisteanasan ann an Alba, mar a thathar a' moladh sa chaibideil seo, àite buadhdmhor dhi ann an siostam an fhoghlaim is nan sgilean agus anns an eaconamaidh. Mar sin tha e ro-chudromach gun urrainn dhan fharsaingeachd de luchd-ùidhe san t-siostam aig a bheil ùidh ann an obair na buidhne theisteanasan buaidh is cumadh a thoirt air na co-dhùnaidhean a nì i a thaobh theisteanasan agus a bhith a' conaltradh le is a' freagairt air na co-dhùnaidhean seo. Cumaidh seo taic ri dòigh-obrach nas ciallaiche a thaobh cho-dhùnaidhean foghlaim, sgilean agus eaconamach. Tha trì priomh dhòighean ann gus seo a dhèanamh.

An toiseach, bu chòir fòram nàiseanta èifeachdach a bhith ann gus beachdan neo-eisimeileach agus neo-phàirteach a thoirt dhan bhuidhinn theisteanasan, stèidhichte air raointean eòlais nam ball. Tha fòram coltach ri seo, ris an canar a' Chomhairle Comhairleachaidh, aig an SQA an-dràsta agus tha am moladh seo ag amas air a bhith a' togail air agus a' neartachadh na dòigh-obrach seo le bhith a' comasachadh a bhith a' buileachadh a' mhodail ath-sgrùdaichte sa bhuidhinn ùir.

¹³ [Fit for the Future: developing a post-school learning system to fuel economic transformation: Skills Delivery Landscape Review – Final Report \(www.gov.scot\)](https://www.gov.scot/assets/documents/reviews-and-reports/skills-delivery-landscape-review-report.pdf)

¹⁴ [Post-school education, research and skills - initial priorities \(www.gov.scot\)](https://www.gov.scot/assets/documents/reviews-and-reports/post-school-education-research-and-skills-initial-priorities-report.pdf)

¹⁵ [An t-àm ri teachd againn: Lèirmheas Neo-eisimeileach air Teisteanasan agus Measadh: \(www.gov.scot\)](https://www.gov.scot/assets/documents/reviews-and-reports/an-t-am-ri-teachd-againn-leirmheas-neo-eisimeileach-air-teisteanasan-agus-measadh-report.pdf)

San dàrna h-àite, gus siostam foghlaim is sgilean èifeachdach is amalaichte a lìbhrigeadh, tha e deatamach gum bi dreuchdan agus dleastanasan gach buidheann nàiseanta soilleir. Feumaidh a' bhuidheann theisteanasan ùr obrachadh gu dlùth agus gu co-obrachail leis na buidhnean nàiseanta foghlaim is sgilean againn, le Riaghaltas na h-Alba, agus leis na lìonraidhean ionadail is roinneil againn leithid cholaistean agus buidhnean sgilean. Feumaidh i a bhith na deagh eisimpleir de bhuidhinn a thaobh mar a bhios i ag obair còmhla ri daoine eile a' gabhail a-steach: ann an raoitean far a bheil co-lìbhrigeadh ann; mar a bhios i a' co-roinn dàta agus fiosrachadh taobh a-staigh an t-siostaim; mar a bhios i a' conaltradh agus a' dol an sàs le buidhnean eile; mar bhios i a' faighinn agus a' cleachdadh comhairle agus stiùireadh bhon t-siostam; agus mar a chumas i ri poileasaidhean Obair Chothromach do luchd-obrach a tha ag obair sa bhuidhinn.

San treas àite, feumaidh gnìomhachd buidheann nan teisteanasan a bhith cothromach, follaiseach agus a' toirt cothrom na Fèinne do na h-uile. Tha sin a' ciallachadh dèanamh cinnteach gu bheil fios aig gach páirt den chomann-shòisealta againn dè a bhios a' bhuidheann theisteanasan a' dèanamh, agus carson a tha e ga dhèanamh. Tha conaltradh soilleir agus ann an deagh àm deatamach ann a bhith a' cruthachadh buidheann anns a bheil daoine a' cur earbsa agus spèis. Bu chòir dhan bhuidhinn theisteanasan na prionnsapalan sin a ghabhail a-steach na gnìomhan gu lèir agus a bhith a' dèanamh cinnteach gun urrainn dhan a uile duine aig a bheil üidh a' bhuidheann a chumail cunntachail. Mar eisimpleir, tha seo a' gabhail a-steach priomh chonaltradh agus aithisgean air am foillseachadh ann an dòighean a tha fosgailte dhan a h-uile duine, mar eisimpleir, sa Ghàidhlig, no tionndaidhean a tha air an dealbhadh airson ruigsinneachd.

Feumaidh a' bhuidheann theisteanasan lìbhrigeadh agus ceannardas nàiseanta a thoirt seachad mu theisteanasan agus aig an aon àm a bhith mar phàirt de shiostam foghlaim is sgilean iomlan a lìbhrigeas do na h-uile. Is ann tron lìbhrigeadh aontaichte seo a bhios sinn anns an t-suidheachadh as fheàrr airson taic a thoirt do dhaoine gus an comas ann am foghlam agus ann an cosnadh a choileanadh; gus piseach a thoirt air gnàth-eòlasan an luchd-teagaisg againn; agus gus taic a thoirt do mhuinntir agus gnìomhachasan na h-Alba gus soirbheachadh.

Ceist 5: Ciamar as fheàrr as urrainn dhan bhuidhinn theisteanasan obrachadh le daoine eile air feadh siostam an fhoghlaim is nan sgilean gus builean nas fheàrr a lìbhrigeadh do na h-uile?

Ath-leasachadh air sgrùdadh foghlaim

Ann a bhith a' beachdachadh air leasachaidhean air Sgrùdadh, ghabh Riaghaltas na h-Alba ri moladh an Àrd-ollaimh Muir ann am prionnsabal.

- Bu chòir buidheann sgrùdaidh ùr a bhith air a stèidheachadh le a neo-eisimeileachd stèidhichte ann an reachdas. Bu chòir dhan riaghladh aice a bhith a rèir na neo-eisimeileachd seo, leis a' bhuidhinn air a maoineachadh le Pàrlamaid na h-Alba, le luchd-obrach a tha nan seirbheisich chatharra agus nan luchd-sgrùdaidh, leis an luchd-sgrùdaidh air an cur an dreuchd le cead A Mhòrachd an Rìgh tron Chomhairle Dhìomhair.
- Bidh priomh dhleastanasan aig an Luchd-sgrùdaidh neo-eisimeileach a bhith a' cumail taic ri leasachadh, a' luachadh atharrachaidhean mòra san t-siostam fhoghlaim agus ag aithris gach bliadhna agus thar amannan nas fhaide, air coileanadh foghlam na h-Alba.

Ged a ghabh Riaghaltas na h-Alba ann am prionnsabal ris a' mholadh gus luchd-sgrùdaidh ùra a stèidheachadh le reachdas mar bhunait, cha do ghabh iad ris a' mholadh gum bu chòir an luchd-sgrùdaidh ùr a bhith air a maoineachadh le Pàrlamaid na h-Alba. Bhiodh stèidheachadh an luchd-sgrùdaidh leis a' mhodail maoineachaidh seo gu math eadar-dhealaichte bho bhuidhnean sgrùdaidh eile. A bharrachd air sin, cha bhiodh seirbheisich chatharra ag obair ann am buidheann a bhiodh air a maoineachadh leis a' Phàrlamaid agus mar sin tha e a' dol an aghaidh moladh an Àrd-ollamh Muir dha bheil Riaghaltas na h-Alba a' toirt taic.

Thathar a' beachdachadh air dà roghainn a thaobh dè an structar a th' aig sgrùdadh agus mar a tha e air a shuidheachadh taobh a-staigh cruth-tìre an fhoghlaim. Sa chasad dol a-mach, dh'fhaodadh buidheann-gníomha fa leth ùr a bhith air a stèidheachadh aig am biodh sgrùdadh foghlaim mar phriomh dhleastanas. Is e roghainn eile gun rachadh neach-dreuchd ùr a stèidheachadh. Tha cunntas nas mionaidiche air na roghainnean seo gu h-ìosal.

Adhbharan sgrùdaidh

Tha Riaghaltas na h-Alba a' cumail taic ris **na priomh adhbharan sgrùdaidh** a leanas:

- Gus cunntachalachd phoblach agus dearbhadh càileachd an fhoghlaim a thoirt seachad do luchd-ionnsachaidh, am pàrantan/luchd-cùraim agus Pàrlamaid na h-Alba.
- Gus taic a thoirt do sholaraichean foghlaim, a' gabhail a-steach sgoiltean, tidsearan agus luchd-cleachdaidh eile le leasachadh, tro bhith a' togail comas-lìbhrigidh agus a' co-roinn cleachdadadh èifeachdach.
- Gus fianais a cho-roinn mu foghlam agus trèanadh gus taic a thoirt do sheirbheisean gus poileasaidh foghlaim a leasachadh agus fhiosrachadh.

Chaidh na prìomh adhbharan sin, a tha gu ìre mhòr co-ionann ris an fheadhainn aig an t-siostam làithreach, aontachadh le aithisg an Àrd-ollaimh Muir¹⁶ agus san fharsaingeachd, fhuair iad taic tron cho-chomhairle cho-cheangailte.

Ceist 6: A bheil thu ag aontachadh no ag eas-aontachadh leis na h-adhbharan a tha air an cur an cèill gu h-àrd? A bheil rud sam bith eile a bu toil leat fhaicinn ann?

Farsaingeachd nan ionadan agus nan seirbheisean

Tha Riaghaltas na h-Alba den bheachd gu bheil e cudromach gum bi sgrùdadadh foghlaim fhathast a' dol air adhart anns an làn fharsaingeachd de dh'ionadan agus de sheirbheisean. Tha seo a' gabhail a-steach, mar eisimpleir:

- Bun-sgoiltean agus àrd-sgoiltean (tha seo a' gabhail a-steach sgoiltean poblach, sgoiltean le taic-tabhartais, agus sgoiltean neo-eisimeileach, agus an dà chuid seirbheisean prìomh-shruthach agus seirbheisean Feumalachdan Taic a Bharrachd, le no às aonais solar còmhnaidh);
- Sgoiltean-àraich, i.e., an fheadhainn a tha a' toirt seachad tràth-ionnsachadh agus càram-chloinne, agus solarachean com-pàirteach maoinichte de thràth-ionnsachadh agus càram-chloinne;
- Foghlam Gàidhlig;
- Seirbheisean ionnsachadh agus Leasachadh Coimhearsnachd;
- Colaistean le maoineachadh poblach; colaistean prìobhaideach; sgoiltean teagaisg na Beurla;
- Trèanadh do nua-phreantasachdan;
- Gníomhan foghlaim ùghdarrasan ionadail;
- Seirbheisean saidhg-eòlas foghlaim;
- Seirbheisean fiosrachaiddh, comhairle agus stiùiridh dhreuchdan;
- Foghlam tùsail luchd-teagaisg;
- A' cumail ri Riaghaltean Beathachaiddh airson ionadan foghlaim; agus
- Buidhnean saor-thoileach nàiseanta a tha maoinichte le tabhartasan.

Bidh Luchd-sgrùdaidh an Righ airson Foghlaim cuideachd a' cur ri gnìomhachd sgrùdaidh le buidhnean eile a tha a' libhrigeadh ghniomhan sgrùdaidh is riaghlaidh. Tha seo a' gabhail a-steach:

- Seirbheisean do chloinn is do dhaoine òga (ma thèid seo iarraidh le Luchd-sgrùdaidh a' Chùraim);
- A' déanamh ath-sgrùdadadh air an t-solar fhoghlaim a chaidh a sholarachadh do 'phàiste no neach òg a bha fo chùram ', a tha air bàsachadh às dèidh sin (ma thèid seo iarraidh le Luchd-sgrùdaidh a' Chùraim);

¹⁶ Putting Learners at the Centre: Towards a Future Vision for Scottish Education (www.gov.scot)

- Solar foghlaim ann am priosanan agus ionadan eucoirich òga (ma thèid seo iarraidh le Luchd-sgrùdaidh an Rìgh airson Prìosain ann an Alba).

A thaobh cholaistean a tha air am maoineachadh gu poblach agus nua-phreantasachdan, tha dleastanas an luchd-sgrùdaidh foghlaim a' suidhe ri taobh dleastanas bhuidhnean eile. Tha uallach laghail air Comhairle Maoineachaидh na h-Alba airson càileachd solar fogham adhartach is àrd-ìre ann an Alba agus tha i a' toirt seachad maoineachadh do luchd-sgrùdaidh an fhoghlaim aig an àm seo gus an dleastanas seo a choileanadh a thaobh fogham adhartach is àrd-ìre a tha air a sholarachadh le colaistean, às a leth.

Bidh Leasachadh Sgilean na h-Alba (SDS) a' rianachd cuid de Bhun-phreantasachdan agus a h-uile nua-phreantasachd às leth Riaghaltas na h-Alba. Bidh luchd-sgrùdaidh an fhoghlaim a' dèanamh lèirmheas air càileachd lìbhrigidh agus buaidh phrògraman nam bun-phreantasachdan agus nan nua-phreantasachdan agus a' dearbhadh càileachd nam preantasachdan a tha air am maoineachadh le SDS do Mhinistearan na h-Alba.

Ceist 7: A bheil thu ag aontachadh no ag eas-aontachadh leis an raon de dh'ionadan a bhios Luchd-sgrùdaidh an Rìgh airson Foghlaim a' sgrùdadadh? A bheil rud sam bith ann a dh'atharraicheadh tu?

Ceist 8: A bheil beachdan sònraichte sam bith agad air àite an luchd-sgrùdaidh fhoghlaim ann an sgrùdadadh cholaistean a tha air am maoineachadh gu poblach, fogham tùsail luchd-teagaisg, tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne agus / no nua-phreantasachdan?

A' faighinn na buайдhe as motha bho sgrùdadadh foghlaim

Ged a bha a' mhòr-chuid de luchd-freagairt do cho-chomhairle an Àrd-ollaimh Ken Muir¹⁷ ag aontachadh le bhith a' toirt air falbh foincean na h-obrach sgrùdaidh bho Fhogham Alba, chomharrach cuid nach biodh seo gu leòr leis fhèin gus na tha sgrùdadadh a' cur ri fogham ann an Alba a leasachadh.

Tha taic shoilleir ann airson a bhith a' dèanamh ath-sgrùdadadh air a' mhodh sgrùdaidh foghlaim, a' dèanamh cinnteach gu bheil feumalachdan chloinne agus dhaoine òga aig cridhe a' phròiseas sgrùdaidh. Tha seo a' gabhail a-steach an fheum air barrachd fòcas air taic a thoirt do thidsearan agus luchd-cleachdaidh agus solaraichean eile gus adhartas fhaighinn, a bharrachd air a bhith a' togail comas san t-siostam fhoghlaim gus fein-mheasadh a dhèanamh.

Stèidhichte air an fhianais a chaidh a thoirt seachad ann an co-chomhairle an Àrd-ollaimh Muir¹⁸ agus conaltradh às dèidh sin, tha sinn a' creidsinn gun toireadh e piseach air obrachadh agus buaidh an luchd-sgrùdaidh nan rachadh aghaidh a thoirt air na trì **priomh chûisean a leanas:**

¹⁷ Education Scotland and the Scottish Qualifications Authority: consultation - gov.scot (www.gov.scot)

¹⁸ Education Scotland and the Scottish Qualifications Authority: consultation - gov.scot (www.gov.scot)

- Dèan cinnteach gu bheil misneachd aig clann, daoine òga, luchd-ionnsachaидh inbheach, pàrantan/luchd-cùraim, tidsearan agus cleachdaichean eile, a bharrachd air a' phoball ann an obair luchd-sgrùdaidh an fhoghlaim.
- Dèan cinnteach gum bi tidsearan agus cleachdaichean eile, clann, sgoilearan agus oilleanaich, pàrantan/luchd-cùraim, ùghdarrasan ionadail agus solaraichean an sàs ann an sgrùdaidhean.
- Dèan cinnteach gu bheilear a' cleachdadhl làn fhianais sgrùdaidh gus: (a) dearbhadh agus cunntachalachd phoblach a thoirt seachad; (b) leasachadh a thoirt air adhart agus comas a thogail; agus (c) a bhith a' fiosrachadh cleachdadhl agus poileasaidh.

Ceist 9: A bheil thu ag aontachadh no ag eas-aontachadh leis na priomhachasan a tha air an cur an cèill? A bheil rud sam bith eile ann a bu toil leat faicinn fo phrosbaig an sgrùdaidh?

A' cur aghaidh air na priomh cheistean

Tha an earrann seo a' sireadh bheachdan air diofar dhòighean anns an gabhadh na priomhachasan san earrainn mu dheireadh a choileanadh – an dàrna cuid tro reachdas ùr no tro roghainnean eile taobh a-staigh an reachdais làithrich.

Thatnar air beachdachadh air gach tè de na trì priomh chûisean gu h-ìosal – a' mineachadh a' cho-theacsa agus raon de roghainnean as urrainn dhuinn gabhail gus an lìbhrigeadh.

1. Dèan cinnteach gu bheil misneachd aig sgoilearan agus oilleanaich, pàrantan/luchd-cùraim, tidsearan agus cleachdaichean eile, agus solaraichean cho math ris a' phoball, ann an obair Luchd-sgrùdaidh an fhoghlaim.

Aig an àm seo, tha uallach air Foghlam Alba airson taic a chumail ri càileachd is leasachadh ann am foghlam na h-Alba, agus airson sgrùdadadh. Mar Bhuidhinn-ghniomha, tha uallach air Foghlam Alba airson co-dhùnaidhean obrachail agus aig an aon àm tha e cunntachail gu dìreach do Mhinistearan na h-Alba airson a choileanadh agus mar a chleachdas e airgead poblach. Bidh an inbhe seo a' dion neo-eisimeileachd sgrùdaidh, ath-bhreithneachaidh agus aithris.

Feumaidh an luchd-sgrùdaidh cumail orra a bhith a' dèanamh bhreithneachaidhean gu neo-eisimeileach bho sholaraichean agus bho Riaghaltas na h-Alba. Tha seo ga dhèanamh comasach dhaibh measadh a dhèanamh air buaidh eadar-theachdan, buileachadh poileasaidh agus stiùireadh nàiseanta, agus air càileachd an fhoghlaim. Faodaidh sin a bhith a' gabhail a-steach ceannardas agus solar ionnsachaидh, a bharrachd air builean do luchd-ionnsachaيدh. Tha priomh àite aig an luchd-sgrùdaidh cuideachd ann a bhith a' toirt seachad breithneachaidhean proifeasanta air comas leasachaيدh solaraiche agus/no gnìomhan a tha iad air a ghabhail gus leasachadh a dhèanamh. Feumaidh an luchd-sgrùdaidh an-còmhnaidh a bhith

comasach air an dleastanasan a choileanadh agus aithris a thoirt air na co-dhùnaidhean aca gun eagal no fàbhar.

Ann an cuid de fhreagairtean do cho-chomhairle an Àrd-ollaimh Muir¹⁹, chaidh draghan a thogail gun robh comas còmhstri a bhith ann eadar gnìomhan sgrùdaidh agus leasachaид foghlaim taobh a-staigh na h-aon bhuidhne agus gum faodadh e a bhith a' lagachadh comas an luchd-sgrùdaidh an dleastanas a choileanadh gu math, a' gabhail a-steach a bhith a' toirt seachad beachdan neo-phàirteach air buaidh stiùireadh no prògraman nàiseanta. Mar thoradh air seo, rinn an t-Àrd-ollamh Muir moladh do Mhinistearan na h-Alba gun rachadh buidheann sgrùdaidh ùr a stèidheachadh le a neo-eisimeileachd air a stèidheachadh tro reachdas.

Gus aghaidh a chur air na draghan sin, agus gus dèanamh cinnteach gu bheil misneachd aig a' phoball agus aig proifeiseantaich ann an obair an luchd-sgrùdaidh, tha sinn a' sireadh bheachdan air raon de roghainnean gus ath-leasachadh a thoirt air adhart.

San fharsaingeachd, chan eil ach beagan reachdais ann a thaobh gnìomhan luchd-sgrùdaidh an foghlaim (air a mhìneachadh ann an Achd an Foghlaim (Alba) 1980) a thaobh sgrùdadadh air ionadan sgoile. Aig an àm seo, 's ann aig Ministearan na h-Alba a-mhàin a tha an cumhachd reachdail gus sgrùdadadh 'adhbharachadh' (i.e. an cumhachd laghail gus co-dhùnadh dè an solar foghlaim a thèid a sgrùdadadh agus cuin). Ach, gu practaigeach, bidh Priomh Neach-sgrùdaidh an Rìgh, a tha taobh a-staigh Foghlam Alba aig an àm seo, a' mìneachadh phlanainchean gach bliadhna airson sgèile agus prìomhachasan a' phrògraim sgrùdaidh thar gach seòrsa solar foghlaim, bho thràth-ionnsachadh gu ionnsachadh inbheach. Tha seo an uair sin air aontachadh le Rùnaire a' Chaibineit airson Foghlam agus Sgilean, a dh'fhaodas cuideachd gnìomhan sgrùdaidh sònraichte a bharantachadh.

'S e aon roghainn air a bheil sinn a' sireadh bheachdan, far nach biodh feum air reachdas ùr, a bhith a' toirt air falbh an obair sgrùdaidh bhon chòrr den bhuidhinn-stiùiridh a th' ann an-dràsta (Foghlam Alba), gus buidheann-ghnìomha shònraichte agus fa leth a chruthachadh. Le bhith a' stèidheachadh an t-seòrsa seo de luchd-sgrùdaidh foghlaim, bhiodh e a' fàgail gum biodh e cunntachail gu dìreach do Mhinistearan na h-Alba agus le raon-ùghdarrais sònraichte agus fa leth.

Bhiodh e na roghainn eile reachdas a thoirt a-steach gus àite '*Priomh Neach-sgrùdaidh an Rìgh airson Foghlam airson Alba*' a stèidheachadh san lagh mar neach-dreuchd neo-eisimeileach. Mar neach-dreuchd neo-eisimeileach, dh'fhaodadh priomh uallach a bhith air Priomh Neach-sgrùdaidh an Rìgh gus clàr-ama, tricead agus fòcas sgrùdaidhean aontachadh, seach seo a bhith fhathast fo smachd reachdail Mhinistearan na h-Alba.

Ceist 10: A bheil beachd sam bith agad air na roghainnean sin airson a bhith a' stèidheachadh na dòigh-obrach ùire a thaobh sgrùdadadh?

¹⁹ [Education Scotland and the Scottish Qualifications Authority: consultation - gov.scot \(www.gov.scot\)](http://www.gov.scot)

- 2.** Dèan cinnteach gum bi tidsearan agus cleachdaichean eile, sgoilearan agus oilleanaich, pàrantan/luchd-cùraim, ùghdarrasan ionadail agus solaraichean an sàs ann an sgrùdaidhean.

Tha ath-leasachadh sgrùdaidh a' cruthachadh cothrom cudromach gus dèanamh cinnteach gu bheil an fheadhainn a tha an sàs ann an sgrùdadadh (leithid thidsearan agus cleachdaichean eile), a bharrachd air clann, daoine òga, luchd-ionnsachaидh inbheach agus luchd-cleachdaidh seirbheis eile (agus pàrantan/luchd-cùraim far a bheil sin iomchaidh) an sàs barrachd a thaobh sgrùdadadh. Dh'fhaodadh seo a bhith air a choileanadh le bhith a' dèanamh atharrachaidhean obrachail air an dòigh sa bheilear a' dèanamh sgrùdadadh. Tha cothrom ann cuideachd com-pàirt a neartachadh ann an rèiteachaidhean riaghlaidh an luchd-sgrùdaidh.

Tha e deatamach a thaobh misneachd a' phobaill nach toir an fheadhainn a bhios iad a' sgrùdadadh buaidh neo-iomchaidh air co-dhùnaidhean an luchd-sgrùdaidh. Ach, a bharrachd air a' phrionnsapal bhunaiteach sin dh'fhaodamaid feuchainn ri dèanamh cinnteach gu bheilear a' beachdachadh air na seallaidean aca san dòigh sa bheil an luchd-sgrùdaidh ag obrachadh. Dh'fhaodadh seo a bhith fior ge b' e a bheil an luchd-sgrùdaidh ag obair mar bhuidhinn-ghniomha shònraichte no mar luchd-dreuchd neo-eisimeileach.

Leis nach eil bunait reachdail ann an-dràsta airson riaghlaidh an luchd-sgrùdaidh, dh'fhaodadh beachdachadh air ceumannan ùra gus riaghlaidh a neartachadh agus gus guthan na feadhainn a tha an sàs ann an sgrùdadadh a thoirt a-staigh do na rèiteachaidhean làithreach, mar eisimpleir tro bhith a' stèidheachadh comhairle comhairleachaidh le fòcas air luchd-cleachdaidh.

Air neo, ghabhadh seo a dhèanamh tro reachdas, le bhith a' toirt air a' Phriomh Neach-sgrùdaidh, mar neach-dreuchd neo-eisimeileach air a stèidheachadh le reachdas, Comhairle Comhairleachaidh a stèidheachadh, le ballrachd air a tarraing bhon fheadhainn air an toireadh obair a' Phriomh Neach-sgrùdaidh buaidh. Dh'fhaodadh e cuideachd dleastanas reachdail a chur air a' Phriomh Neach-sgrùdaidh aire a thoirt do chomhairle sam bith a bheireadh a' Chomhairle seachad agus, far nach leanar a' chomhairle, a bhith a' mineachadh nan adhbharan airson sin.

Ceist 11: A bheil beachd agad air mar a ghabhadh ullachaidhean riaghlaidh airson an luchd-sgrùdaidh a bhith air an leasachadh gus luchd-solair a ghabhail a-steach barrachd, a' gabhail a-steach tidsearan agus luchd-cleachdaidh eile, sgoilearan agus oilleanaich agus pàrantan/luchd-cùraim?

- 3.** Dèan cinnteach gu bheilear a' cleachdadadh làn fhianais sgrùdaidh gus: (a) dearbhadh agus cunnatachalachd phoblach a thoirt seachad; (b) leasachadh a thoirt air adhart agus comas a thogail; agus (c) a bhith a' fiosrachadh cleachdadadh agus poileasaidh.

Tha fianais sgrùdaidh na prìomh thùs ann a bhith a' toirt seachad aithisgean measaidh do phàrantan/luchd-cùraim agus dhan phoball; agus a' toirt seachad

dearbhadh gu nàiseanta, gu h-ionadail agus aig ìre sgoile/solarache mu chàileachd an fhoghlaim a thathar a' toirt seachad.

Tha ath-leasachadh a' toirt cothrom dhuinn dòigh-obrach ath-bheothaichte a chruthachadh a thaobh sgrùdadhbh agus co-roinn fianais nas fheàrr air na tha ag obair gu math ann am foghlam na h-Alba, dè dh'fheumas a bhith air a leasachadh agus ciamar a bu chòir dhan leasachadh sin tachairt. Gus seo a dhèanamh, feumaidh sinn dèanamh cinnteach gu bheil fianais agus dàta bhon luchd-sgrùdaidh air an cleachdadhbh nas èifeachdaiche gus cunntas a thoirt air coileanadh foghlam na h-Alba, gus taic a chumail ri leasachadh, agus gus comas-lìbhrigidh a thogail airson leasachadh air feadh an t-siostaim.

B' urrainn na tha air a shùileachadh bho aithrisean a bhith air a neartachadh gun feum air reachdas ùr. Mar eisimpleir, dh'fhaodadh Ministearan dùil a thogail gum foillsicheadh an luchd-sgrùdaidh raon de sgrìobhainnean, a' mìneachadh mar a bhios an luchd-sgrùdaidh a' coileanadh an cuid obrach, a' gabhail a-steach cleachdaidhean sgrùdaidh agus co-dhùnaidhean. Dh'fhaodadh seo cuideachd a bhith a' gabhail a-steach riatanas sònraichte a bhith ag aithris gu cunbalach air coileanadh iomlan foghlam na h-Alba, a' toirt sealladh iomlan thairis air an t-siostam fhoghlaim gus fiosrachadh a thoirt do Mhiniestarán, dhan Phàrlamaid, do sholarachean agus dhan mhòr-shluagh.

No, dh'fhaodadh an aon dleastanas gus aithris a dhèanamh a chur ann an reachdas. Mar eisimpleir, b' urrainnear toirt air a' Phriomh Neach-sgrùdaidh (stèidhichte ann an reachdas), a bhith ag aithris gach bliadhna air coileanadh an cuid ghniomhan; a bhith ag aithris gach bliadhna air coileanadh foghlam na h-Alba, agus a bhith a' cur aithisgean air beulaibh Pàrlamaid na h-Alba gu dìreach. Dh'fhaodadh dleastanas a bhith air a' Phriomh Neach-sgrùdaidh ann an reachdas gus aithrisean sgrùdaidh fa leth fhoillseachadh.

Ceist 12: A bheil beachd agad air mar a nì sinn cinnteach gu bheil fianais bho sgrùdaidhean air a cleachdadhbh chun na h-ìre as mothà 's a ghabhas airson leasachadh a thoirt air adhart agus poileasaidh fhiosrachadh agus cò ris a bu chòir dhan luchd-sgrùdaidh a bhith ag aithris?

Eàrr-ràdh 1 - Ceistean

Ceist 1: Dè na h-atharrachaidhean air am bu chòir dhuinn beachdachadh a thaobh mar a tha teisteanasan air an leasachadh agus air an lìbhrigeadh a bhiodh a' toirt piseach air builean do sgoilearan agus oilleanaich na h-Alba?

Ceist 2: Ciamar as fheàrr as urrainn dhuinn dèanamh cinnteach gu bheilear a' toirt aire iomchaidh do bheachdan an luchd-teagaisg againn taobh a-staigh na buidhne theisteanasan ùire, agus a bheil na molaidhean seo a' cur seo an comas?

Ceist 3: Ciamar as fheàrr as urrainn dhuinn dèanamh cinnteach gu bheilear a' toirt aire iomchaidh do bheachdan nan sgoilearan, oilleanaich agus luchd-ionnsachaид againn taobh a-staigh na buidhne theisteanasan ùire, agus a bheil na molaidhean seo a' cur seo an comas?

Ceist 4: Ciamar as urrainn dhuinn dèanamh cinnteach gu bheil na teisteanasan a tha gan tabhann ann an Alba earbsach, de chàileachd àrd agus iomchaidh?

Ceist 5: Ciamar as fheàrr as urrainn dhan bhuidhinn theisteanasan obrachadh le daoine eile air feadh siostam an fhoghlaim is nan sgilean gus na builean nas fheàrr a lìbhrigeadh do na h-uile?

Ceist 6: A bheil thu ag aontachadh no ag eas-aontachadh leis na h-adhbharan a tha air am mìneachadh? A bheil rud sam bith eile a tha thu airson fhaicinn ann?

Ceist 7: A bheil thu ag aontachadh no ag eas-aontachadh leis an raon de dh'ionadan a bhios Luchd-sgrùdaidh an Rìgh airson Foghlaim a' sgrùdad? A bheil rud sam bith ann a chuireadh tu ris no a dh'atharraicheadh tu?

Ceist 8: A bheil beachdan sònraichte sam bith agad air àite an luchd-sgrùdaidh fhoghlaim ann an sgrùdad cholaistean a tha air am maoineachadh gu poblach, foghlam tùsail luchd-teagaisg, tràth-ionnsachadh agus càram-chloinne agus / no nua-phreantasachdan?

Ceist 9: A bheil thu ag aontachadh no ag eas-aontachadh leis na prìomhachasan a tha air an cur an cèill? A bheil rud sam bith eile ann a bu toil leat a bhiodh air a Sgrùdad leis an Luchd-sgrùdaidh?

Ceist 10: A bheil beachd sam bith agad air na roghainnean sin airson a bhith a' stèidheachadh na dòigh-obrach ùire a thaobh sgrùdad?

Ceist 11: A bheil beachd agad air mar a ghabhadh ullachaidhean riaghlaidh airson an luchd-sgrùdaidh a bhith air an leasachadh gus luchd-solair a ghabhail a-steach barrachd, a' gabhail a-steach tidsearan agus luchd-cleachdaidh eile, sgoilearan agus oilleanach agus párrantan/luchd-cùraim?

Ceist 12: A bheil beachd agad air mar a nì sinn cinnteach gu bheil fianais bho sgrùdaidhean air a cleachdadh chun na h-ìre as mothà 's a ghabhas airson leasachadh a thoirt air adhart agus poileasaidh fhiosrachadh agus cò ris a bu chòir dhan luchd-sgrùdaidh a bhith ag aithris?

Eàrr-ràdh 2 – lomraidhean

OECD (2021), Scotland's Curriculum for Excellence: Into the Future, Implementing Education Policies, OECD Publishing, Paris, [Scotland's Curriculum for Excellence: Into the Future | en | OECD](#)

Prof Kenneth Muir (2021) Education Scotland and the Scottish Qualifications Authority: consultation [Education Scotland and the Scottish Qualifications Authority: consultation - gov.scot \(www.gov.scot\)](#)

Prof Kenneth Muir (2022) Putting Learners at the Centre: Towards a Future Vision for Scottish Education [Putting Learners at the Centre: Towards a Future Vision for Scottish Education - gov.scot \(www.gov.scot\)](#)

James Withers (2023) Fit for the Future: developing a post-school learning system to fuel economic transformation Skills Delivery Landscape Review [Fit for the Future: developing a post-school learning system to fuel economic transformation: Skills Delivery Landscape Review – Final Report \(www.gov.scot\)](#)

Louise Hayward (2023) An t-àm ri teachd againn: Lèirmheas Neo-eisimeileach air Teisteanasan agus Measadh [An t-àm ri teachd againn Lèirmheas Neo-eisimeileach air Teisteanasan agus Measadh \(www.gov.scot\)](#)

All Learners in Scotland Matter - National Discussion on Education (2023) [All Learners in Scotland Matter - national discussion on education: final report - gov.scot \(www.gov.scot\)](#)

Putting Learners at the Centre: Response to the Independent Advisor on Education Reform's Report (2022) [Putting Learners at the Centre: Response to the Independent Advisor on Education Reform's Report \(www.gov.scot\)](#)

Eàrr-ràdh 3 - Foirm Fiosrachaидh mun Neach-freagairt

Co-chomhairle air ullachaidhean Bile an Fhoghlaim

Thoir an aire gum feumar am foirm seo a lìonadh agus a chur air ais leis an fhreagairt agad.

Gus faighinn a-mach mar a làimhsicheas sinn an dàta pearsanta agad, faic am poileasaidh priobhaideachd againn: <https://www.gov.scot/privacy/>

A bheil thu a' freagairt mar neach fa leth, mar chomann no mar bhuidhinn?

- Neach fa leth
- Comann
- Buidheann

Ma tha thu a' freagairt mar neach fa leth no mar bhuidhinn, dè an rud as fheàrr a mhìniches an t-àite agad san t-siostam fhoghlaim?

- | | |
|--|--|
| <input type="checkbox"/> Pàrant / Neach-cùraim | <input type="checkbox"/> Leanabh / Neach-òg |
| <input type="checkbox"/> Neach-teagaisg / Òraidiche/ Cleachdaiche | <input type="checkbox"/> Neach-obrach taic |
| <input type="checkbox"/> Ceannard Sgoile / Ionaid | <input type="checkbox"/> Oifigear aig Buidheann-ghniomha Nàiseanta |
| <input type="checkbox"/> Oifigear aig Ughdarris lonadail / Oifigear Roinneil | <input type="checkbox"/> Neach-fastaidh / Gníomhachas |
| <input type="checkbox"/> Eile, innis dhuinn: | |

Ma tha thu a' freagairt mar neach fa leth no mar bhuidhinn, dè an rud as fheàrr a mhìniches an roinn sa bheil thu?

- | | |
|--|--|
| <input type="checkbox"/> Tràth-bhliadhnaichean | <input type="checkbox"/> Bun-sgoil |
| <input type="checkbox"/> Àrd-sgoil | <input type="checkbox"/> Foghlam Treas Ìre (Foghlam Adhartach/Àrd-ìre) |

Ainm slàn no ainm na buidhne

Ainm na buidhne
(ma tha seo iomchaidh)

Àireamh fòn

Seòladh

Còd-puist

Post-d

Bu mhath le Riaghaltas na h-Alba cead fhaighinn airson do fhreagairt co-chomhairleachaidh fhoillseachadh.

Dè b' fheàrr leat a thaobh a bhith a' foillseachadh na freagairt agad:

- Foillsich an fhreagairt le ainm
- Foillsich an fhreagairt a-mhàin (gun ainm)
- Na foillsich an fhreagairt

Dh'fhaodte gum biodh sinn airson bruidhinn riut san àm ri teachd ach feumaidh sinn cead fhaighinn bhuat gus seo a dhèanamh. Am biodh e ceart gu leòr nan cuireadh Riaghaltas na h-Alba fios thugad a-rithist a thaobh a' cho-comhairleachaidh seo?

- Bhiodh
- Cha bhiodh

Fiosrachadh do bhuidhnean:

Tha an roghainn 'Foillsich an fhreagairt a-mhàin (gun ainm)' ri fhaighinn do luchd-freagairt fa leth a-mhàin. Ma thèid an roghainn seo a thaghadh, thèid ainm na buidhne fhoillseachadh co-dhiù.

Ma thaghlas tu an roghainn 'Na foillsich an fhreagairt', dh'fhaodte gun tèid ainm na buidhne agad a liostadh air an liosta de luchd-freagairt na co-chomhairle, mar eisimpleir, anns an aithisg anailis.



Scottish Government
Riaghaltas na h-Alba

© Còir-lethbhreac a' Chrùin 2023

OGL

Tha am foillseachadh seo air a cheadachadh fo chumhachan Cead Riaghaltas Fosgailte v3.0 ach a-mhàin far a bheil an caochladh air a ràdh. Gus an cead seo fhaicinn rach gu nationalarchives.gov.uk/doc/open-government-licence/version/3 no sgrìobh gu Sgioba Poileasaidh an Fhiosrachaidh, An Tasglann Nàiseanta, Kew, Lunnaidn TW9 4DU, no cuir post-d gu:psi@nationalarchives.gsi.gov.uk.

Far a bheil sinn air comharrachadh gu bheil còir-lethbhreac aig treas pàrtaidh air fiosrachadh, feumaidh sibh cead fhaighinn bho na daoine aig a bheil a' chóir-lethbhreac sin.

Tha an sgrìobhainn seo ri faighinn aig www.gov.scot

Bu chóir ceist sam bitheal mun sgrìobhainn seo a chur thugainn aig

Riaghaltas na h-Alba
Taigh Naomh Anndrais
Dùn Èideann
EH1 3DG

Air foillseachadh le Riaghaltas na h-Alba, an t-Sultain 2023

Air a dhèanamh airson Riaghaltas na h-Alba le APS Group Scotland, 21 Sràid Tennant, Dùn Èideann EH6 5NA

w w w . g o v . s c o t